


STORYWORLDS



Muncaidh Alastair



Robina Beckles Wilson • Diana Catchpole

Muncoidh Alastair



An teaca Robina Beckles Willson
Na dealbhan Diana Catchpole
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR




Bha Alastair ag iarraidh peata muncaidh.
“Tha mi ag iarraidh muncaidh,”
thuirt e ri Mamaidh.
“Chan fhaigh thu peata muncaidh,”
thuirt Mamaidh.
“Nis caidil.”



Chaidil Alastair.
Chunnaic e muncaidh na chadal.
“Nì thu peata math dhomh,” ars Alastair.
“Trohad a-nuas agus cluich còmhla rium.”

Ach leum Muncaidh air an leabaidh ...



agus air
an t-sèithear ...

agus leum e an siud agus an seo anns an rum.
“Stad! Stad!” thuir Alastair.



Chaidh Alastair às a dhèidh
ach shreap e air a' chùirteir.
“Trohad a-nuas a-nis,” ars Alastair.
“Bidh Mamaidh crosta riut.”



Leum Muncaidh air sèithear.
Chuir e air ceap le Alastair agus
chuir e drèinean air anns an sgàthan.

6

Bha Alastair a' gàireachdainn.
Chuir esan drèin air anns an sgàthan
cuideachd.

7



An uair sin chunnaic Muncaidh
druma Alastair.
“Brag! Brag! Brag!” rinn e air an druma.
“Sguir dhen sin!” dh’èigh Alastair.
“Bidh Mamaidh crosta riut.”



“Trohad sìos an staidhre agus gheibh mi
biadh dhut,” ars Alastair.
Chaidh Muncaidh sìos an staidhre
ann an diog.



Thug Alastair banana dha Muncaidh,
ach bha Muncaidh ag iarraidh nam
bananathan uile.




“Sguir!” thuir Alastair. “Seall air na rùsgan
banana sin. Bidh Mamaidh glè chrosta
ma dh’itheas tu na bananathan uile.”



“Trohad a-mach ma-thà,” thuir Alastair.
“Cluichidh sinn sa ghàrradh.”



Ach cha robh dùil aig Muncaidh cluich.
Bha e airson leum thairis air an ròp-aodaich.
“Sguir!” dh’èigh Alastair.
“Chan fhaod thu cluich air an ròp-aodaich.”



Ach bha Muncaidh air a dhòigh a' ruith
air ais agus air adhart air an ròp-aodaich.
"Thig a-nuas às an sin," dh'èigh Alastair.



Leum Alastair suas.
"Tha thu agam a-nis, a Mhuncaidh!"
thuirt e. Ach thuit Alastair agus Muncaidh
agus an ròp-aodaich. "Tha seo uabhasach!"
dh'èigh Alastair.



Sa mhionaid sin dhùisg Alastair.
“Chan eil mi ag iarraidh peata muncaidh
a-nis,” thuirt e.
Thog e an dèideag muncaidh aige fhèin.
“Ach is toil leam thusa,” thuirt e.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Robina Beckles Willson 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

2005 2004 2003 2002 2001
10 9 8 7 6

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnoill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Robina Beckles Willson a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 605 8